

BM26: Modh a-rithist

Manners again

Presenter: Derek Mackay (Derek MacAoidh)



ÌRE: **Bunaiteach-Meadhanach**
CUSPAIR: **Modh a-rithist**
PUINGEAN CÀNAIN: **Abairtean modhail**

DEREK:

Trobhad ort ... tha beagan comhairle agam mu mhodh airson daoine a tha a' tadhal air coimhearsnachdan Gàidhlig.

Nuair a tha thu a' coinneachadh ri cuideigin, can, "Halò," "Madainn mhath," no, "Feasgar math." Na can, "Tha thu an sin." Faighnich, "Ciamar a tha thu?" No, "Ciamar a tha sibh?" ma tha an duine ris a bheil thu a' bruidhinn nas sine na thu fhèin. Na can, "A bheil thu gu math?"

Mura cluinn thu rudeigin ceart, can, "B' àill leibh?" Na can, "Duda?" no, "Dè tha thu ag ràdh?"

Airson taing a thoirt do dhuine, can, "tapadh leat" no "tapadh leibh" - "tapadh leibh" airson urram a thoirt dhan neach ris a bheil thu a' bruidhinn. Ma bheir iad taing dhutsa, can, "'S e do bheatha," no, "'S e ur beatha," no, "Tha thu (no sibh) di-bheathte".

Ma bheir cuideigin drama dhut, can, "Slàinte mhath," mus gabh thu deoch. Na can, "Am faigh mi tè mhòr?"

Ma tha thu ag iarraidh rudeigin, faodaidh tu, "Mas e do thoil e," no, "Mas e ur toil e," a ràdh. "Am faigh mi pinnt bainne, mas e ur toil e?" Na can, "Thoir dhomh pinnt bainne." Bidh daoine ag ràdh, "Mas e do thoil e," ann an cuid de shuidheachaidhean foirmeil, ach bhiodh e a cheart cho math dìreach faighneachd airson rud ann an dòigh a tha modhail agus càirdeil.

LEVEL: **Beginner-Intermediate**
TOPIC: **Manners again**
LINGUISTIC POINTS: **Expressing respect and formality**

DEREK:

Here (listen to this) ... I've got some advice for you about manners for people who are visiting Gaelic communities.

When you meet someone, say, "Hello," "Good morning," or, "Good afternoon." Don't say, "There you are." Ask, "How are you?" Or, "Ciamar a tha sibh?" if the person to whom you are speaking is older than you are. Don't say, "Are you feeling all right?"

If you don't hear something properly, say, "I beg your pardon?" Don't say, "What?" or, "What are you saying?"

To thank someone, say, "tapadh leat" or "tapadh leibh" - "tapadh leibh" to show respect to the person to whom you are speaking. If they thank you, say, "You're welcome," or "You're welcome," (respectful). or, "You're welcome".

If someone gives you a dram, say, "Good health," before you take a sip. Don't say, "Can I have a large one?"

If you want something, you can say, "If you please," or, "If you please," (respectful). "Could I have a pint of milk, if you please?" Don't say, "Give me a pint of milk." People say, "If you please," in some formal situations, but it would be equally acceptable to just ask for something in a polite and friendly way.

BM26: Modh a-rithist

Manners again

Presenter: Derek Mackay (Derek MacAoidh)



DEREK:

Ma bhuaileas tu ann an duine, can, "Gabh mo leisgeul," no, "Gabhaibh mo leisgeul," no, "Tha mi duilich." Na can, "Gluais."

Cuideachd, thoir an aire leis na facail "cailleach" agus "bodach" . Na faighnich do chroitear cò mheud caora a th' aige. Dùin geataichean. Agus na teirig - mar bhoireannach air Taobh Siar Leòdhais uaireigin - dhan eaglais ann am bikini. Bhiodh facal aig daoine.

Nuair a bhios tu a' leigeil soraidh le duine, can, "Mar sin leat (no leibh)" , "Dia leat (no leibh)" no, "Tìoraidh."

Mus fhalbh mise, bheir sinn sùil air cuid de na facail is abairtean a chleachd mi. Agus cuimhnich, lean a' chomhairle a thug mi dhut agus bidh thu ceart gu leòr.

B' àill leibh?

Mura cluinn thu rudeigin ceart, can, "B' àill leibh?"

'S e do bheatha

Ma bheir iad taing dhutsa, can "'S e do bheatha," no, "'S e ur beatha," no, "Tha thu (no sibh) di-bheathte."

Mas e ur toil e

Ma tha thu ag iarraidh rudeigin, faodaidh tu, "Mas e do thoil e," no, "Mas e ur toil e," a ràdh. Am faigh mi pinnt bainne, mas e ur toil e?

Gabh mo leisgeul

Ma bhuaileas tu ann an duine, can, "Gabh mo leisgeul," no, "Gabhaibh mo leisgeul."

DEREK:

If you bump into someone, say, "Excuse me," or, "Excuse me," (respectful) or, "I'm sorry." Don't say, "Move."

You should also be careful with the words "old woman" and "old man" . Never ask a crofter how many sheep he has. Shut gates. And don't go - as a woman on the West Side of Lewis did at one time - to church in a bikini. People would have something to say.

When you're bidding farewell to people, say, "Goodbye," "God be with you" or, "Cheerio."

Before I go, let's take a look at some of the words and phrases I used. And remember, if you follow the advice I gave you, you'll be fine.

I beg your pardon?

If you don't hear something properly, say, "I beg your pardon?"

You're welcome

If someone thanks you, say, "You're welcome," or, "You're welcome," (respectful) or, "You're welcome"

If you please

If you want something, you can say, "If you please," or, "If you please," (respectful). Could I have a pint of milk, if you please?

Excuse me

If you bump into someone, say, "Excuse me," or "Excuse me," (respectful).

BM26: Modh a-rithist

Manners again

Presenter: Derek Mackay (Derek MacAoidh)



DEREK:

Mar sin leat

Nuair a bhios tu a' leigeil soraidh le duine, can, "Mar sin leat (no leibh)", "Dia leat (no leibh)" no, "Tioraidh."

Sin e. Mar sin leat.

DEREK:

Goodbye

When you're bidding farewell to people, say, "Goodbye," "God be with you" or, "Cheerio."

That's all. Goodbye.